



Semeastar 1 2017-18

Tìotal na Deuchainne agus Còd a' Mhodail: **An t-Aos-Dàna, UQ510704**

Là agus Ceann-là: **Diciadain 13 Dùbhlachd 2017**

Uair agus Ùine: **13.25-15.30**

'S fhiach an deuchainn seo 34% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

'S e deuchainn leabhraichean-dùinte a tha seo. Chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith, **ach factairean**, a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh aig toiseach na deuchainn. Faodar notaichean a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

A crìochnachadh do dheuchainn:

Tha ceithir ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu DÀ cheist a fhreagairt a-mach às na ceithir ceistean seo.

Tha an t-aon luach fa chomhair gach ceist.

Freagair DÀ cheist a-mach às na ceithir.

1.

Is mairg dá ngalar an grádh,
gé bé fáth fá n-abrainn é;
deacair sgarachtainn ré pháirt;
truagh an cás i bhfeilim féin.

An grádh-soin tugas gan fhios,
ó's é mo leas gan a luadh,
mara bhfaigh mé furtacht tráth,
biaidh mo bhláth go tana truagh.

An fear-soin dá dtugas grádh,
's nach féadtar a rádh ós n-aird,
dá gcuireadh sé mise i bpéin,
gomadh dó féin bhus céad mairg.

i. Eadar-theangaich an dàn gu h-àrd gu Beurla no gu Gàidhlig an latha an-diugh. (34)

ii. Chaidh an dàn seo a sgrìobhadh le boireannach uasal. Minich an t-àite a bha aig daoine uasal seach aig bàird phroifeiseanta ann am bàrdachd ann an Gàidhlig Chlasaigich. (33)

iii. Thoir cunntas mionaideach air meadrachd an dàrna rainn. (33)

2.

Agas is mor an doille agas an dorchadas peacaidh agas aineolais agas indtleachta do lucht deachtaidh agas sgrìobhtha agus chumhdaigh na Gaoidheilge gurab mó is mian leó agas gurab mó ghnathuidheas siad eachtradha dimhaoineacha buaidheartha bregacha saoghalta, do cumadh ar Thuathaibh Dé Dhanond, agus ar Mhacaibh Mileadh, agas ar na curadhaibh, agas ar Fhind mac Cumhaill gona Fhianaibh, agas ar mhóran eile nach airbhim agas nach indisim andso, do chumhdach agas do choimhleasughagh, do chiond luadhuidheachta dimhaoinigh an t-saoghail d' faghail doibh féin, iná briathra disle Dé agas slighthe foirfe na firinde do sgrìobhadh agas do dheachtadh agas do chumhdach. Oir is andsa leis an t-saoghal an bhreg go mor iná an fhirinde.

i. Eadar-theangaich an earrann gu h-àrd gu Beurla no gu Gàidhlig an latha an-diugh. (50)

ii. A' cleachdadh na h-earrainn tha shuas, thoir tuairisgeul air an stoidhle -sgrìobhaidh a chruthaich an Carsualach le bhith a' freagairt na ceiste a thaobh gu dè an t-amas a bha aige dhan leabhar aige is cò dha e? (50)

3.

Cruithneacht dearg ar maghaibh míne
fá Thomaltach chosnas Chéis;
bídh ar clár collbhán uí Cholla
lomlán a droma ar gach déis.

Lacht milis ag buaibh i mbuailtibh,
branar fa féaraighe fonn;
fá h-árainn mhín is fá monadh
tír álainn fá toradh trom.

Míolchoin gharga ar iallaibh órdha
ag Tomaltach 's ceann ar cách;
sguir go moch san aonach uallach
mán loch bhraonach bhuadhach bhláth.

- i. Eadar-theangaich na trí rannan gu h-àrd gu Beurla no gu Gàidhlig an latha an-diugh. (34)
- ii. Ciamar a chuireas an dàn seo an còd-molaidh an cèill? (33)
- iii. Thoir cunntas mionaideach air ìomhaighean is samhlaidhean nan trí rann. (33)

4.

Fada dhomh an laighe-se,
allmhurach liom mo shláinte;
bheirinn do luach leaghais bhuaim
dá mbudh liom na táinte.

Táin bó Cuailnge, ceathra throm,
táin bó Dartá is bó Fliodhais
do-bheirinn is an tarbh trom,
dá mbudh liom, i luach leaghais.

Greagh is eachraidh Mhanannáin,
claidheamh is corn mhic Cumhaill,
dúdach Mhanannáin bheirinn,
's ga bolga Chon Chulainn.

- i. (Eadar-theangaich na trí rannan gu h-àrd gu Beurla no gu Gàidhlig an latha an-diugh. (34)
- ii. Aig deireadh an dàin seo, ainmichidh am bàrd Mac an Tòisich mar dhotair. Cò na teaghlaichean meidigeach eile, agus cò na teaghlaichean eile a bha aithnichte nan dreuchdan dùthchasach? (33)
- iii. Thàinig an dàn seo bho Leabhar an Deadhain. Dè tha cho sònraichte mun LS seo? (33)

Deireadh a' Phàipeir